

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 4 | 2016 | AN GIBLEAN

## Facal Toisich

Chaidh innse bho chionn ghoirid dè na deich tràighean as brèagha ann am Breatann ann am beachd luchd-turais. Chan eil mi cinnteach ciamar a chaidh na tràighean a thaghadh, ach cha robh ach aon tràigh ann an Alba a chaidh ainmeachadh, Losgaintir ann an ceann-a-deas na Hearadh. Bidh muinntir nan làithean saora làn iongnaidh nuair a chì iad na tràighean bàna farsaing a tha againn air taobh an iar na Gàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Tha iomadh rud timcheall oirnn air nach eil sinn a' cur luach a chionn gu bheil sinn air fàs cho cleachdte riu. Glè thric tha coigrich a' cur barrachd luach air na beanntan agus na machraichean na an fheadhainn a tha a' fuireach ann an àite. Faodaidh rudan spioradail a bhith ann nach eil sinn a' tuigsinn cho prìseil agus a tha iad. Cha tuig sinn dìreach cho cudthromach agus a tha iad gus am bi sinn as an aonais.

Chan eil an t-Sàbaid 'na latha cho sàmhach agus a bha i uaireigin. Tha mòran ag ionndrain na sàmhchair a bha aca ann an làithean ar n-òige. Ann an iomadh sgìr chan eil an eaglais aig cridhe na coimhearsnachd mar a chleachd i a bhith. Chan eil daoine cho eòlach air na Sgriobtaran agus a bha an athraichean. Chan eil muinntir na h-Alba cho fritheilteach air meadhanan nan gràs agus a bha iad.

Chuala daoine guth losa agus iad 'nan seasamh air an tràigh. Bha an sluagh air cladach Muir Ghalile nuair a bha an Slànaighear ann am bàt'-iasgaich beagan o thìr a' searmonachadh. Faodaidh na seallaidhean mun cuairt oirnn a bhith a' labhairt ri ar cridhe mu obair a' Chruthaidheir. Nar seasamh air an tràigh chì sinn àilleachd obair nàdair. Agus faodaidh sinne cuideachd guth an t-Slànaigheir a labhair ri iasgairean Ghalile agus ri sluagh nam bailtean a chluinntinn cuideachd.

**Gach deagh dhùrachd gu robh agaibh,  
Ruairidh MacLeòid.**



Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo de dh'eaglais Mhalaid, a chaidh a chur suas ann an 1903, a tha suidhichte air cnoc os cionn a' chala. 'S e Iar-thuath Loch Abar an t-ainm a tha air an sgìr an-diugh. Tha na h-Eileanan Beaga – no na h-Eileanan Tarsaing, mar a chanas cuid – an taobh a-staigh den sgìr fharsaing seo. Eadar 1956 agus 1968 bha an t-Urr. Dòmhnall MacPhàil à Uibhist-a-Tuath 'na mhinistear an seo. Tha an t-Urr. Edgar Ogston air a bhith os cionn a' choitheanail o 2007.

## Cùil nan Ceist

Tha làithean nas soilleire againn a-nis an dèidh dorachdas a' gheamhraidh. 'S ann air solas a tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh. Tha freagairt nan ceist anns na caibideilean a tha sinn ag ainmeachadh agus tha iad cuideachd air an duilleig chùil.

1. Dè an latha air an do chruthaich Dia an solas? (Genesis, caibideil 1.)
2. Lìon a' bheàrn – “Solas a shoillseachadh nan ——” (Lùcas, caibideil 2.)
3. Cò a chunnaic solas o nèamh air an t-slighe? (Gnìomharan, caibideil 26.)
4. Cò a thubhairt losa a bha 'na sholas lasarach agus dealrach? (Soisgeul Eòin, caibideil 5.)

# Dorsan Fosgailte – 2

Ann an ceud litir nan Corintianach tha sinn a' leughadh nam faclan seo mu Phòl agus e ann an Ephesus far an do mhair e fad thrì bliadhna, *Oir dh'fhosgail doras mòr agus èifeachdach, agus tha mòran eascairdean ann.*

Ged a bha an doras fosgailte gu 'chùl, cha robh sin a' ciallachadh gu robh a h-uile càil furasda. 'S e baile mòr beartach a bha ann an Ephesus, agus aig an àm seo tha e a' sgrìobhadh gu a charaidean ann an Corintus. 'S e baile làn de dh'iodhal-adhradh a bha ann ach cha do chuir sin bacadh air Pòl.

Thàinig e a-steach orm, feur mar a dh'fhosgail dorsan làn coibhneis do dh'Agnes agus Daibhidh nuair a bha iad a' fàgail Chanada, an dùil cia meud dachaigh a dh'fhosgail do Phòl. Saoilidh mi gun cluinn mi guth ag ràdh, *A Phòil, tha thu sgìth le do shaothair – thig thu thugainn fhìn a-nochd, gabhaidh tu biadh agus leigidh tu d'anail.*

Tha fios agam air aon dachaigh a bhiodh an còmhnaidh fosgailte do Phòl agus b'e sin dachaigh Acuila agus Priscilla. Bha iad den aon cheàrd ri Pòl agus saoilidh mi gum biodh e tric a' faighinn fiathachaidh don dachaigh aca.

Nuair a bha Iain anns a' *Faith Mission* bha iomadach dachaigh fosgailte dha anns gach àite don deidheadh e agus 'nam inntinn an-dràsda smaoinichidh mi air iomadh dachaigh anns an d'fhuair e fhèin agus a cho-obraiche fàilte agus blàths a rinn an t-slighe gu math na b'fhasa dhaibh. Feadhainn dhiùbh sin a tha beò fhathast agus far a bheil mise a' faighinn na h-aon fhàilte agus a fhuair esan.

Nach eil gealladh anns an Fhìrinn a tha a' dol mar seo, *Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, a mheud is gun do rinn sibh e do aon de na bràithrean as lugha agamsa, rinn sibh dhòmhsa e.*

Tha ìmpidh air a chur oirnn ar dorsan fhosgladh do choigrich. Cò aige a tha fios nach faodadh sinne cuideachd aoigheachd a thoirt do dh'ainglean gun fhios dhuinn.

**Oighrig Fhearghasdan**  
(A' Mhanachainn)

# An t-Urr. Iain M. Foirbeis

Bha na chuir eòlas air rè nam bliadhnan duilich a chluinntinn gun do chaochail an t-Urr. Iain MacDhomhnaill Foirbeis a bha uaireigin 'na mhinistear ann am Beinn na Fadhlha.

Rugadh Iain ann an 1937, agus an dèidh dha MA agus BD a thoirt a-mach ann an Oilthaigh Dhùn Eideann bha e 'na mhinistear ann an Kenya eadar 1966 agus 1970. O 1970 gu 1975 bha e ag obair ann an oifisean na h-Eaglais ann an Dùn Eideann gus an deachaidh a shuidheachadh mar mhinistear ann am Beinn na Fadhlha. Ann an 1983 ghluais e gu Fìobha. An ceann dheich bliadhna chaidh e a-null gu Mozambique. An dèidh dha uallach na h-obrach a leigeil dheth bha e a' fuireach ann am Bonnyrigg. Anns na bliadhnan mu dheireadh bha e a' fulang le dìth slàinte.

Bha an t-Urr. Iain Foirbeis air a thiodhlacadh anns na Cùiltean ann an siorrachd Obar Dheadhain. An dèidh làimhe chumadh seirbheis chuimhneachain ann am Bonnyrigg airson nan càirdean nach robh air chomas a bhith aig an adhlacadh.

Dh'ionnsaich Iain Foirbeis a' Ghàidhlig agus rinn e sin gu dìcheallach. Nuair a bha esan anns na h-eileanan bha e 'na chleachdadh aig Clèir Uibhist gum biodh coinneamhan na clèir air am fosgladh le seinn, leughadh agus ùrnaigh ann an Gàidhlig. A' bhliadhna a bha esan 'na mhoderàtor air a' chlàir choilean e an dleasdanas sin gu cothromach. Bha e freagarrach gu robh a charaid, an t-Urr. Ruairidh MacFhionghain, a bha còmhla ris ann an clèir Uibhist, an làthair aig seirbheis an tiodhlacaidh agus gun do labhair esan ann an Gàidhlig.

Tha sinn taingeil do Dhia airson beatha Iain Foirbeis agus a ministrealachd ann an Alba agus thall thairis. Tha ar co-fhaireachdainn aig Rut, a bhean, agus aig buill an teaghlach gu lèir.



**Anns an dealbh seo chì sibh ceathrar de na ministearan a bha ann am Beinn na Fadhlha. Air an làimh chli tha an t-Oll. Urr. Adrian Varwell a bha ann am Beinn na Fadhlha eadar 1983 agus 1997. Ri a thaobh tha an t-Urr. Iain Foirbeis. Ri a thaobh-san tha an t-Urr. Aonghas Mac a' Ghobhainn, a bha anns an sgìr o 1965 gu 1975. Air an làimh dheis tha an t-Urr. Uilleam MacLeòid a chaidh a phòsadh ri coitheanal Bheinn na Fadhlha ann an 1957 agus a ghluais gu sgìr nan Uigean ann an Leòdhas ann an 1964.**

# Leabhraichean

Tha Marian Pallister air leabhraichean luachmhor a sgrìobhadh air eachdraidh Earra Ghàidheal. A-nis tha i air leabhar ùr fhoillseachadh mu iomairt cho iongantach a chaidh a chur ais chois ann an Alba. Anns an Dàmhair 1965 dh'fhosgail a' Bhan-rìgh proisect airson dealan a chruthachadh aig Beinn Chruachain a bha a' dèanamh feum den uisge anns an loch as motha ann an Earra Ghàidheal.

Fhad 's a bha an obair seo a' dol air adhart bha trì mìle duine, gu sònraichte à Alba agus à Eirinn, a' faighinn cosnadh anns a' cheàrnaidh seo de dh'Earra Ghàidheal. Thug sin airgead mòr a-steach don choimhearsnachd agus bha buaidh aig sin air na bailtean mun cuairt. Bha an obair cruaidh agus cunnartach agus chaill grunn dhaoine am beatha agus iad a' cladhach tron chreig. An-diugh bidh trì fichead mìle de luchd-turais a' tadhal air Cruachan far a bheil cothrom aca a dhol air rathad a chaidh a chladhach a-steach do chridhe na beinne agus chì iad na h-innealan mòra a tha a'

**Cruachan**  
**The Hollow Mountain**  
**Marian Pallister**  
**(Birlinn. £9.99.)**

cruthachadh an dealain.

Tha Marian Pallister air rannsachadh mòr a dhèanamh air mar a rinneadh ullachadh airson na h-obrach. Bha feadhainn ann a bha 'na aghaidh. Ach tha iomairt Cruachain air soirbheachadh. Bhruidhinn an t-ùghdar ri muinntir Earra Ghàidheal a bha ag obair an sin agus a bha a' fuireach anns a' choimhearsnachd. Rinn i sgrùdadh air pàipearan Pàrlamaid, pàipearan-naidheachd agus air a h-uile sgrìobhadh a bheireadh sealladh air an iomairt seo.

Anns an leabhar tha Marian Pallister a' cur urraim air Tòmas MacLain (Tom Johnston), Rùnaire na Stàite airson Alba, a bha air cùl na h-iomairt seo. Chaochail e beagan sheachdainean mun deachaidh Cruachan fhosgladh gu h-oifigeil.

Tha sinn fada an comain *Birlinn* airson an leabhar a thoirt am follais. Agus tha ar taing aig an ùghdar airson leabhar cho tarraingeach agus cho fiosrachail a sgrìobhadh.

# Latha Mòr ann an Eaglais Chaluim Chille

Bha mu dhà cheud neach an làthair ann an eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu anns a' Ghearran nuair a chumadh seirbheis shònraichte ann an Gàidhlig agus ann am Beurla agus Moderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, air a ceann.

Shearmonaich an t-Oll. Moireasdan agus bhruidhinn e ris an òigridh ann an Gàidhlig. Sheinn trì de na còisirean Gàidhlig ann an Glaschu an treas salm thar an trì fichead air fonn *French*. Sheinn còisir Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu *Miorbhail Gràis* agus *Tàladh Chrìosd*.

Rinneadh ullachadh mòr airson na seirbheis ro-làimh agus an dèidh an adhradh ghabh an coitheanal biadh còmhla.

Tha eaglais Chaluim Chille a' cumail bratach na Gàidhlig ri crann ann an Glaschu seachdain an dèidh seachdain. Tha cothrom aig daoine air feadh an t-saoghail na seirbheisean Gàidhlig a chluinntinn air loidhne. Tha an coitheanal rim moladh airson an dilseachd. Ar taing aig Greum Moireasdan a tha air a bhith os cionn obair a' choitheanail bho chionn deagh ghreis a-nis.



iongantach againn, *Le gràdh siorraidh ghràdhaich mi thu*.

Faodar a ràdh gur e a tha ann am feurg Dhè, an dòigh anns a bheil Dia a' gabhail ris a h-uile nì anns an t-saoghal a tha dorcha agus olc agus an-ìochdmhor.

Tha beàrn mhòr eadar an duine agus Dia, eadar feurg Dhè agus feurg dhaoine.

Bidh an fheurg oirne airson rudan beaga suarach nach b'fhiach a bhith a' bruidheann orra. Bidh sinne feurgach airson rudan a thachras dhuinne. Tha tomhas de dh'fhèinealachd, de dh'fhèin-spèis, co-cheangailte ri feurg an duine. Bidh sinn a' smaoinachadh air duine feurgach mar neach a tha aithghearr sradaigach, duine aig a bheil droch nàdar.

Thubhairt Iosa, *An tì a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair*. 'S ann an an Crìosd a ch'inn cò ris a tha Dia coltach. Ann am beatha agus ann am ministealachd Iosa ch'inn cò ris a tha feurg Dhè coltach.

Cha robh feurg air Iosa airson nan rudan grànda a rinn daoine air-san. Ach bha corraich naomh air airson an-ìochdmhorachd an duine, airson cruas-cridhe an duine, na rudan mì-chneasda a bha iad a' dèanamh air a chèile. Bha feurg 'na chridhe nuair a chunnaic e daoine a' dèanamh dimeas air nithean naomha.

Anns na Sgrìobtaran ch'inn feurg Dhè an còmhnaidh air a measgachadh le tròcair Dhè.

'S ann mar athair gràdhach a tha Dia a' dèiligeadh rinn, chan ann mar bhritheamh cruaidh. *Is tròcaireach agus is gràs-mhor an Tighearna, mall a-chum feirge, agus pailt ann an coibhneas-gràidh*.

## Searmon Beag

*Feurg Dhè*. (Litir nan Ròmanach 1:18.)

Bidh cuid a' fiachainn ri sgaradh a dhèanamh eadar Dia an t-Seann Tiomnaidh agus Dia a Tiomnaidh Nuaidh. Canaidh iad gur e *Dia na feirge* a tha anns an Dia a tha air fhoillseachadh dhuinn anns an t-Seann Tiomnadh agus gur e *Dia a' ghràidh* a tha anns an Dia a ch'inn air duilleagan an Tiomnaidh Nuaidh.

Ach a bheil e ceart agus cothromach eadar-dhealachadh mar sin a dhèanamh?

Gun teagamh tha mòran sgrìobhte anns an t-Seann Tiomnadh mu chorraich Dhè. Ach aig a' cheart àm tha iomadh dearbhadh againn anns an t-Seann Tiomnadh air *gràdh* Dhè. Gu dearbh, nach ann an an Sgrìobtaran an t-Seann Tiomnaidh a tha na faclan

## Litir Thaingeachd

Bha sgioba *Life and Work* toilichte litir fhaighinn o Iòseph Wright ann an Dùn Eideann a' toirt taing don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith a' cur a-mach nan *Duilleagan Gàidhlig* gach mìos. Tha Iòseph 'na bhall den choitheanal Ghàidhealach ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann a tha a' cumail suas seirbheis Ghàidhlig a h-uile seachdain. Tha e ag innse gum bi luchd-turais à iomadh dùthaich a' frithealadh na seirbheis, 'nam measg Prionnsabal air Colaisde Diadhaireachd ann an Amaireaga a tha air sgioba de dh'oileanaich a thoirt don t-seirbheis Ghàidhlig dà thuras. Tha Iòseph a' sgrìobhadh gu bheil an t-seirbheis acasan, mar a tha *Na Duilleagan Gàidhlig*, 'na deagh sanas-reic, mar gum biodh, do dh'Eaglais na h-Alba.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Dèan tròcair orm." Sin a' cheud rann anns an t-seachdamh salm

deug thar an dà fhichead. (Salm 57:1.) Tha na faclan sin againn tric anns na sailm agus ann an àiteachan eile anns a' Bhìoball. Bha an salmair a' creidsinn gur e Dia tròcaireach a tha ann an Dia a' Bhìobail. Thubhairt an cis-mhaor anns a' chosmhalachd: "Dèan tròcair ormsa." "A Dhè, dean tròcair ormsa a tha am pheacach." Urnaigh ghoirid, ach ùrnaigh fhìor oir bha i a' tighinn on chridhe.

Bidh dà eala a' tadhal orm a h-uile latha. Bidh iad a' snàmh seachad air an loch ach thig iad air tìr airson bìdh. Tha iad

a' coimhead cho brèagha nuair a tha iad a-muigh air an loch. Tha fios aca far am faigh iad biadh. Bidh nàbaidhean gam beathachadh cuideachd. Tha am Bìoball ag iarraidh oirnn cùram a ghabhail den chruthachadh. Tha eòin-mhara ann nach eil cho pailt agus a bha iad. Bidh daoine a' truailleadh na h-àrainneachd. Tha eòin agus beathaichean ann an cunnart. Is mòr am milleadh a nì an duine air an t-saoghal a thug Dia dha.

Seanfhacal airson na mìos seo: "An dèidh madainn ghruamaich thig latha grianach." (After a gloomy

morning comes a sunny day.) Bidh sin tric a' tachairt. Bidh toiseach an latha dorcha. Ach thig a' ghrian a-mach agus bidh latha brèagha ann. Bidh e mar sin ann am beatha an duine. Tachraidh rudan dorcha. Ach an dèidh sin fàsaidh rudan nas fheàrr. 'S e àm gruamach dorcha a bha ann do na deisciobail nuair a bha Iosa air a cheusadh. Ach thill a' ghrian nuair a dh'èirich Iosa o na mairbh.

An-diugh bidh daoine a' leughadh phàipearan-naidheachd agus leabhraichean air

loidhne. Ach 's toigh leam leabhar a bhith agam 'nam làimh. Bidh daoine a' leughadh a' Bhìobail air loidhne cuideachd. Ach tha e math Bìoball a bhith faisg oirnn. Togaidh sinn leabhar agus leughaidh sinn e aig àm sam bith. Tha e math gu bheil cothrom aig an òigridh faclan a' Bhìobail a leughadh air loidhne. Tha iomadh leabhar ann, ach 's e *An Leabhar* a tha aig na Gàidheil air a' Bhìoball.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

'S e 'ghaol a tha sìorraidh riarach sinne,  
Is Dia bhith leinn san fheòil;  
Is cupan a ghaoil bhith taomadh thairis,  
'S e saor dhar n-anam ri òl;  
Tha gaol ann a ghràdh a dh'àrach cloinne,  
Nas fheàrr na bainne is fion;  
'S an t-anam bhios truagh ga ruag' 's e falamh,  
'S e 'n t-Uan seo baile na dìon.

Tha meas aig Gàidheil anns a h-uile eaglais air na dàin spioradail aig Pàdraig Grannd. Tha an rann gu h-àrd anns an laoidh *Tha Sìon a' seinn*. Tha na laoidhean aig a' Ghrannnach air an seinn air fuinn air a bheil daoine eòlach agus a' chainnt a tha annta drùidhteach ach siùbhlach agus furasda a leantainn. Tha brìgh ann an teachdaireachd nan laoidhean aig Pàdraig Grannd.

### CRUNADH AN RIGH

Bha an t-Oll. Urr. Dòmhnall Mac an Rothaich a' searmonachadh ann an Raoghaird ann an Cataibh air an darna latha deug den Chèitean 1937, latha sònraichte ann an eachdraidh na dùthcha. B'e sin an latha a chaidh an Rìgh Seòras a Sia a chrùnadh. Thug an Granndach seachad searmon a bha freagarrach airson an latha. Thubhairt e, "Chan fhaigh ach beagan den t-sluagh aig Rìgh Seòras cuireadh gu a chrùnadh, ach tha a h-uile duine a chluinneas an Soisgeul air an cuireadh, seadh air an òrdachadh, oir 's e àithne rìoghail a tha ann, airson Rìgh Emànuel fhaicinn, agus pàirt a ghabhail 'na chrùnadh spioradail."

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo fuasgladh nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Air a' cheud latha.. 2. --- Cinneach." 3. Pòl. 4. Eòin Baistidh.

### BEANNACHADH GAIDHLIG O BHAN-DIUC

Chan e a h-uile duine a gheibh beannachadh ann an Gàidhlig o Bhan-diùc. Anns an Og-mhìos 1877 bha an t-Oll. Urr. Seumas MacGriogair air chuairt gu eilean Mhuile air a' bhàta aig Diùc Earra Ghàidheal. Air an t-Sàbaid bha am ministear air ceann seirbheis air bòrd. Nuair a bha iad a' gabhail mu thàmh air an oidhche thubhairt a' Bhan-diùc ri MacGriogair, (aig an robh Gàidhlig), "Mo bheannachd leibh."

### ADHBHAR GAIRE

Aig aon àm bhiodh co-chruinneachadh bliadhna air Tairbeart na Hearadh aig na miseanaraidhean a bha ann an Eaglais na h-Alba, a' chuid mhòr 'nan luchd-Gàidhlig. Bhiodh proifeasairean o na

colaisdean a' toirt òraidean seachad. A h-uile madainn bhiodh adhradh aca agus na sailm air an seinn ann an Gàidhlig agus cuideigin a' togail an fhuinn. A' cheud latha a bha iad ann thug fear de na proifeasairean an aire gu robh a charaid o Cholaisde Nuadh Dhùn Eideann, am Proifeasair Dàniel MacLaomainn, a' seinn an t-salm Ghàidhlig gu cridheil. Bha fios aige nach robh Gàidhlig aig an fhear eile. An dèidh làimhe dh'fhaighnich e dha ciamar a chaidh aige air an salm a sheinn. Thubhairt MacLaomainn, *Cha robh mise ach a' seinn nam foghar (vowels)*. Aon uair agus gun aithnicheadh e am fonn sheinneadh e o no a chitheadh e ann am facal.

## Urnaigh

A Dhè na tròcair,  
tha sinn a' toirt taing dhut  
gu bheil Thu nad Dhia fad-fhulangach tròcaireach.  
Chì sinn do thròcair 'na lànachd  
ann am beatha losa Crìosd.  
Cuidich leinn  
a bhith coibhneil  
nar dèiligidhean ri daoine eile.  
Thoir neart dhuinn  
gu bhith a' coiseachd  
ann an slighe Chrìosd,  
slighe a' ghràidh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Aithnichidh sibh air an aodach  
a tha air na daoine anns an dealbh seo  
nach ann an-diugh no an-dè a bha sin.  
Rinneadh obair mhòr air na togalaichean seo  
air eilean I bho chaidh an dealbh a thogail.  
Air an t-samhradh seo bidh na mìltean  
a' coiseachd ann an cas-cheuman Chaluim Chille.